

AIFREANN NAOMH

AN INTROIT

S. An ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh.

P. Amen.

S. Gràs ar Tighearna, Iosa Crìosda, gràdh Dhè, agus co-chomunn an Spioraid Naoimh, gun robh maille ribh uile.

P. Agus maille ribh-se.

S. A bhràithrean, deanamaid aithreachas airson ar peacannan, air char agus gun tairg sinn an iobairt naomh gu h-ìomchuidh.

P. Tha mi ag aideachadh do Dhia uile-chumhachdach agus dhuibh-se, a bhràithrean, gun do pheacaich mi gu trom le smaointean, le facal, le gnìomh, agus le dearmad; le m' choire fhèin, le m' cholre fhèin, le m' mhòr choire fhèin. Air an aobhar sin, tha mi a' guidh' air naomh Moire a bha riamh' na h-òigh, air na h-ainglean agus air na Naoimh uile, agus oirbh-se, a bhràithrean, ùrnaigh a dhèanamh ris an Tighearna, ar Dia, air mo shon.

S. Gun dèanadh Dia uile-chumhachdach tròcair oirnn; gum mathadh e dhuinn ar peacannan, agus gun treòraicheadh a sinn gu beatha shiorruidh.

P. Amen.

S. A Thighearna, dèan tròcair oirnn.

P. A Thighearna, dèan tròcair oirnn.

S. A Chrìosda, dèan tròcair oirnn.

P. A Chrìosda, dèan tròcair oirnn.

S. A Thighearna, dèan tròcair oirnn.

P. A Thighearna, dèan tròcair oirnn.

GLORIA

Glòir do Dhia anns na h-àrdaibh;
agus air talamh sìth do luchd na deagh-thoil.
Tha sinn gad mholadh; tha sinn gad bheannachadh;
tha sinn gad adhradh; tha sinn a' toirt glòir dhut;
tha sinn a' toirt buidheachais dhut airson do mhòr ghlòir,
a Thighearna Dia, a Rìgh neimh,
a Dhia an t-Athair uile-chumhachdach.
A Thighearna losa Crìosda aonghin Mhic;
a Thighearna Dia, Uain Dhè, Mac an Athar.
Thus' a tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail, dèan tròcair oirnn;
thus' a tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail, èisd ri'r n-ùrnaigh.
Thus' a tha 'nad shuidhe air deas laimh an Athar, dèan tròcair oirnn.
Oir is tusa a mhain a tha naomh: is tusa a mhain a's Tigheama :
is tusa a mhain as àirde, losa Crìosda, mar aon ris an Spiorad Naomh
ann an glòir Dhè, an t-Athair. Amen.

ÙRNAIGH

(‘S e ùrnaigh àraidh a bhios ann gach latha)

A CHEUD LEAGHADH

(‘S e leaghadh àraidh a bhios ann gach latha, mar as trice às An t-Seann Tiomnaidh)

S. Seo facal an Tighearna.

P. Taing do Dhia.

SALM

(‘S e salm àraidh a bhios ann gach latha, le freagairt às dèidh gach rann)

AN DARNA LEUGHADH

(‘S e leaghadh àraidh a bhios ann gach latha, mar as trice às An Tiomnaidh Nuaidh)

S. Seo facal an Tighearna.

P. Taing do Dhia.

ALLELUIA

SOISGEUL

S. Gun robh an Tighearna maille ribh.

P. Agus maille ribh-se.

S. Leughadh de'n Soisgeil Naomh a rèir (*ainm*)

(*'S e soisgeul àraidh a bhios ann gach latha*).

S. Seo Soisgeul an Tighearna.

P. Cliù dhut-sa, a Chrìosda.

A' CHREUD

Tha mi a' creidsinn ann an aon Dia, an t-Athair uile-chumhachdach, Crutheadair neimh agus talmhainn, Crutheadair gach nì, follaiseach agus neo-fhollaiseach. Tha mi a' creidsinn ann an aon Tighearna Iosa Chrìosda, aon-ghin Mac Dhè, a rugadh bho'n Athar roimh gach linn; Dia bho Dhia, Solas bho Sholais, fìor Dhia bho fhìor Dhia; ginte, chan ann dèante, aon an susbaint ris an Athar, agus troimh-san rinneadh gach nì. Thàinig e a nuas às na flaitheas air ar son-ne, clann- daoine, agus gus ar sàbhaladh. Ghabh e colann daonda de'n Òigh Moire le cumhachd an Spioraid Naoimh, agus rinneadh e 'na dhuine. Air ar son-ne cuideachd, fo Phontius Pilat, cheùsadh e, dh'fhuilig e bàs, agus thiodhlaiceadh e. Dh'èirich e an treas latha bho na marbh, mar a dh'innis na Sgriobtairean ro-làimh, agus chaidh e suas do neamh far am bheil e 'na shuidhe air deas-làimh an Athar. Thig e a-rithist le glòir a thoirt breith air bheò agus air mhairbh, agus air a rìoghachd cha bhì crìoch. Tha mi a' creidsinn ann an Spiorad Naomh, Tighearna agus Tobhartair na beatha, a tha a', tighinn bho'n Athar agus bho'n Mhac; a thathas ag adhradh 's a' glòrachadh maille ris an Athair agus ris a Mhac; b'Esan a labhair troimh na Faidhean. Tha mi a' creidsinn ann an aon Eaglais naomh, chaitliceach, agus ostalach. Tha mi ag aidmheil aon bhaisteadh gu mathanas pheacannan; agus tha mo dhùil ri aiseirigh nam marbh, agus ri beatha an t-saoghail ri tighinn. Amen.

AN TOBHARTAS

S. Beannaichte gun robh thu, a Thighearna, a Dhia na cruinne: 's ann bho d' mhathas a fhuair sinn an t-aran seo a tha sinn a' tairgsinn dhut - toradh an talmhainn agus saothair-làimhe mhic an duine - bidh e air a thionndadh air ar son-ne gu aran na beatha.

P. Beannaichte gun robh Dia a-nis agus gu siorruidh.

S. Troimh run-dhiomhair an uisge agus an fhiona seo, tha sinn gu h-iriseil a' guidhe gum bi co-phàirt againn 'na dhiadhachd-san, a dheònaich co-phàirt a ghabhail 'nar nàdur daonda.

S. Beannaichte gun robh thu, a Thighearna, a Dhia na cruinne. 'S ann bho d' mhathas a fhuair sinn am fion so a tha sinn a' tairgsinn dhut – toradh an fhionain agus saothair-làimhe mhic an duine - bidh e air a thionndadh air ar son-ne gu Fuil Chrìosda.

P. Beannaichte gun robh Dia a-nis agus gu siorruidh.

S. Le irisleachd agus le aithreachas 'nar cridhe, tha sinn a' guidh' ort, a Thighearna, thu ghabhail rinn. Deònaich gum bi ar n-ìobairt an diugh air a tairgsinn 'nad làthair ann an dòigh 's gum bi i taitneach leat, a Thighearna ar Dia.

S. Nigh mi, a Thighearna, bho m' chiontan, agus glan mi bho m' pheacadh.

S, Guidhibh, a bhraithrean, gum bi m'ìobairt agus ur n-ìobairt-se taitneach le Dia an t-Athair uile-chumhachdach.

P. Gun gabhadh an Tighearna an ìobairt às do làmhan, gu moladh agus glòir dha ainm fhèin, gu buanachd dhuinne, agus dha Eaglals naoimh gu h-iomlan.

URNAIGH AN TOBHARTAIS

S. Deònaich, a Thighearna, gum bi ar tobhartas air a dhèanamh 'na ìobairt fhìor-ghlan dhut, agus gum builich e oirnn làn-mhathanas 'nar peacannan.

S. Gun robh an Tighearna maille ribh.

P. Agus maille ribh-se.

S. Togaibh ur cridheachan.

P. Thog sinn iad rls an Tighearna.

S. Thoireamaid buidheachas do'n Tighearna, ar Dia.

P. Tha sin iomchuidh agus ceart.

AN ROIMH-RADH

S. Gu firinneach tha e iomchuidh agus ceart, freagarrach agus gu sàbhaladh dhuinn, gun tugamaid aig gach àm agus anns gach àite, taing dhut-sa, a Thighearna naoimh, Athair uile-chumhachdaich, a Dhia shiorruidh, troimh Chrìosda ar Tighearna. Is esan am Facal troimh an do chruthaich thu-gach nì. Is esan an Slanuighear a chuir thu thugainn gus ar saoradh. Le cumhachd an Spioraid Naoimh, ghabh e colann daonda agus rugadh e le Moir' Òigh. Air ar son-ne shìn e a làmhan air a' chrann-ceusaidh, thug e buaidh air a bhàs, agus rinn e follaiseach dhuinn glòir na h-aiseirigh. Uime sin, maille ris na h-ainglean agus ris na Naoimh uile tha sinn a' seinn do chliù agus ag ràdh:

SANCTUS

Is naomh, naomh, naomh thu, a Thighearna, a Dhia nan slògh; tha neamh is talamh làn de d' mhoralachd 's de d'ghlòr. Moladh do Dhia anns na h-àrdaibh. Is beannaichte esan a tha tighinn ann an ainm an Tighearna; moladh do Dhia anns na h-àrdaibh.

CANON

(Faodaidh an sagart fear a' thaghadh de na ceithir canonaichean a th'ann. Mar eisimpleir, 's e am fear seo "Canon a' Tri").

S. Gu firinneach tha thu naomh, a Thighearna, agus tha an saoghal gu lèir a' cur an ceill do chliù; a chionn 's gur tu a tha toirt beatha do gach nì, agus 'gan naomhachadh troimh losa Crìosda, do Mhac ar Tighearna, le cumhachd an Spiorad Naoimh. Bho linn gu linn tha thu a' tional pobuill 'gad ionnsuidh fhèin, air chor agus gum bi ìobairt gun smal air a tairgsinn dha d' ainm bho èirigh gu dol fodha na greine.

Air an aobhar sin, tha sinn gu h-iriseil a' guidh' ort gun coisrig thu, le cumhachd an Spioraid Naoimh, na tiodhlaicean seo a tha sinn a' tairgsinn dhut, los gum bi iad air an tionndadh air ar son-ne gu Corp agus gu Fuil do Mhic, ar Tighearna losa Crìosda; bho'n is e thein a dh'orduich gun dèanamaid an dìomhaireachd àghmhor seo a chumail an cleachdadh air a shon.

An dearbh oidhche air an deach a bhrath, ghabh esan aran 'sa làmhan naomha, agus a' toirt taing dhut, bheannaich e, agus bhris e, agus thug e dha a dheisciopuil e, ag ràdh:

GABHAIBH AGUS ÌTHIBH UILE DHE SEO, OIR IS E SEO MO CHORP-SA, A THÈID A LIUBHAIRT AIR 'UR SON.

Air an dòigh cheudna, an dèidh na suipearach, ghabh e a chailis 'na làmhan naomha, agus a-rithist a' toirt taing dhut, bheannaich e i, agus thug e dha a dheisciopuil i, ag ràdh:

GABHAIBH AGUS ÒLAIBH UILE DHITH, OIR IS I SEO CAILIS MO CHUID FALA, FUIL AN TIOMNAIDH NUAIDH AGUS SHIORRUIDH, A DHOIRTEAR AIR 'UR SON-SE, AGUS AIR SON MHÒRAN GU MATHANAS PHEACANNAN.

DÈANAIBH SEO MAR CHUIMHNEACHAN ORM-SA.

S. Rùn dìomhair a' chreidimh.

P. Mo Thighearna agus mo Dhia.

S. Mar seo, a Thighearna, tha sinn a' dèanamh cuimhne air a bhàs a dh'thuilig do Mhac gus ar sàbhaladh. Tha sinn a' dèanamh cuimhne air 'aiseirigh ghlòr-mhòir bho'n uaigh, agus air a dhol suas le moralachd gu neamh; agus fhad's

a tha sinn a' dèanamh faire gus an tig e a-rithist ann an glòir, tha sinn a' tairgsinn dhut mar chuimhneachan taingealachd, an ìobairt bheò, an ìobairt naomh seo.

Seall le baidh air ìobairt d'Eaglaise, agus faic innte ìobairt do Mhic, a dheònaich thu a ghabhail ann an èirig ar peacannan; agus nuair a bhitheas sinn air ar riarachadh le Corp agus le Fuil do Mhic, deònaich gum bi sinn air ar lionadh le gràs an Spiorad Naomh, agus gun dèanar dhinn aon chorp agus aon spiorad ann an losa Crìosda.

'S i ar n-ùrnaigh, Athair, gun coisrig an Spiorad Naomh sinn mar thobhartas siorruidh dhut, air chor agus gum meal sinn aon latha sòlas buan fhlanthais, maille ris an Òigh bheannaichte Moire, Mathair Dhè, ris na naomh Ostail, agus na Mairtirean, ri Naomh (*ainm*), agus ris na Naoimh uile, a tha aig gach àm a' dèanamh eadar-ghuidhe air ar son.

Agus a-nis tha sinn a' guidhe' ort, Athair, troimh luach na h-ìobairt seo, a rinn reite riut às ar leth, gun deònaich thu sìth agus sàbhaladh dha'n t-saoghal gu lèir; gun neartaich thu d'Eaglais air talamh ann an creideamh agus ann an carrantachd; gun glèidh thu fo d'fhion ar Papa (*ainm*), ar n-Easbuig (*ainm*), na h-easbuigean uile agus a chleir, maille ris a phobull a shaor thu le Fuil do Mhic. Èisd gu gràs mhor, a Thighearna, ri ùrnaigh do theaghlaich a tha an làthair an seo, agus treòraich thugad fhèin, Athair, do chlann uile, ge b'e àite anns am bheil iad sgaipte. Tha sinn mar an ceudna a' guidh' ort, thu sòlas siorruidh do rìoghachd a bhuileachadh air ar cairdean nach eil maireann, agus orra-san uile a rinn do thoil anns a' bheatha seo. 'S e ar dòchas gum meal sinn fhèin maille riutha sòlas buan fhlanthais. Troimh losa Crìosda do Mhac, ar Tighearna, oir is ann troimhe-san a tha thu a' buileachadh gach mathas air an t-saoghal.

Troimhe-san, agus maille ris-san, agus ann-san, tha dhut-sa a Dhia, an t-Athair uile-chumhachdach, mar son ris an Spiorad Naomh, gach onair agus glòir fad shaoghal nan saoghal.

P. Amen.

DEASGHNATH A' CHOMANACHAIDH

S. Bho'n a fhuair sinn e mar theagasg agus ma fhàinte bho ar Slànaighear, gabhaidh sinn de dhanadas a ràdh:

P. Ar n-Athair, a tha air nèamh, gum bu naomh a bhios t' ainm; gun tigeadh do rìoghachd, gun dèanar do thoil air talamh mar a thathas a' dèanamh air nèamh. Thoir dhuinn an-diugh ar n-aran làitheil: math dhuinn ar fiachan, mar a mhathas sinne do luchd-ar fiach. Agus na leig ann am buaireadh sinn, ach saor sinn bhon olc.

S. Saor Sinn, tha sinn a' guidh' ort, a Thighearna, bho gach olc; thoir dhuinn sìth 'nar laithean, agus nad thròcair deònaich gum bi sinn daonnan saor bho

pheacadh, agus tearuinte bho gach iomagain, fhad 's a tha sinn a' feitheamh, le dòchas agus le aoibhneas, ri 1ighinn ar Slànaighear, Iosa Crìosda.

P. Oir Is leat-sa riaghladh, cumhachd agus glòir, fad shaoghal nan saoghal.

S. A Thighearna Iosa Crìosda, a thuir ri d'Ostail: Sìth tha mi a' fagail agaibh: mo shìth tha mi a' toirt dhuibh; na agair oirnn ar peacannan, ach seall air creideamh d'Eaglaise, agus deònaich dhì sìth agus aonachd a rèir do thoil; Thu-sa a tha beò agus a' riaghladh fad shaoghal nan shaoghal.

P. Amen.

S. Sìth an Tighearna gun robh daonnan maille ribh.

P. Agus maille ribh-se.

S. Leig sinn an comharradh-sìthe a ghabhail ri chèile.

S. Gun' robh measgadh Corp agus Fuil ar Tighearna, Iosa Crìosda, gu buannachd dhuinne a tha 'ga ghabhail gu ruig a' bheath' shiorruidh.

AGNUS DEI

P. Uain Dhè, a tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail, dèan tròcalr oirnn.

Uain Dhè, a tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail, dèan tròcalr olrnn.

Uain Dhè, a tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail, thior sìth dhuinn.

S. A Thighearna Iosa Crìosda, a Mhic an Dè bheò, le d'bhàs thug thu ath-nuadhachadh beatha do'n t-saoghail, a rèir toil d'Athar agus le co-oibreachadh an Spioraid Naoimh; saor mi troimh Shacramaid do Chuirp agus d'Fhala bho m'uile pheacaan agus bho gach olc. Deònaich gun dlùth-lean mi d' Fhaintean, agus na leig learn a chaoidh a bhith air mo sgaradh bhuat.

S. Seall Uan Dhè; seall Esan a tha toirt air falbh peacannan an t-saoghail; is beannaichte iadsan a fhuair cuireadh gu Suipeir an Tighearna.

P. A Thighearna, chan alridh mise gun tigeadh tu a-staigh fo m'fhàrdaich, ach abair am facal a mhain agus bidh m'anam slanuichte.

S. Corp Chrìosda

P. Amen

ÙRNAIGH AN DÈIDH COMAIN

Air dhulnn a bhi air ar neartachadh le d' Shacramaid dhiadhaldh, tha sinn a' guidh' ort, a Thigheama, gum meudaich do ghràsan annainn, agus gun treòraich iad sinn chun an aoibhneis a gheall thu dhuinn.

S. Gun robh an Tighearna maille ribh.

P. Agus maille ribh-se.

S. Gum beannaicheadh Dia Uile-chumhachdach sibh, an t-Athair, am mac, agus an Spiorad Naomh.

P. Amen.

S. Bithibh a falbh a sìth; gus gràdh agus seirbhis a thoirt do Dhia.

P. Taing do Dhia.